



Teisteanais
Nàiseanta
2026

X832/76/12

Àrd-Ìre

DICIADAIN, 29 GIBLEAN

12:30 F – 2:20 F

**Gàidhlig
Litreachas**

Gàidhlig Literature

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Leughadh. Cuir do fhreagairtean airson Litreachas ann an leabhran nam freagairtean airson Litreachas.

Feumaidh tu leabhran nam freagairtean fhàgail air an deasg agad; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist

1. Rosg

- (a) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail anns an do nochd cuspair/cuspairean a tha gu math cudromach dhuinn uile.

Seall mar a chruthaich an t-ùghdar plota is caractaran agus eile gus an cuspair/na cuspairean seo a chur mu choinneimh an leughadair.

NO

- (b) *‘Ged a tha iomadh laigse ann am prìomh character na sgeòil, ’s iomadh rud a dh’ionnsaich mi bhuaithe.’*

Seall mar a tha seo fìor dhut a thaobh character/caractaran sgeulachd ghoirid no nobhail a leugh thu.

2. Bàrdachd

- (a) *‘Tha cumhachd aig cuid de bhàrdachd atharrachadh a thoirt air sealladh an leughadair.’*

Tagh pìos bàrdachd mun robh seo fìor dhut agus seall mar a shoirbhich leis a’ bhàrd ann a bhith a’ toirt buaidh air do bheachdan.

NO

- (b) Tagh pìos bàrdachd a tha a’ togail air àm no àite sònraichte. Le bhith a’ togail air, mar eisimpleir, ìomhaigheachd, taghadh-facail, structar agus tòn, seall mar a thug am bàrd tuigse dhuinn air an àm no air an àite sin.

3. Dràma

- (a) Tagh dràma anns a bheil an t-ùghdar/an riochdaire a’ sgrùdadh cuspair no suidheachadh sònraichte. Seall mar a chaidh plota, caractaran agus sgilean teicnigeach a chleachdadh gus ar n-aire a thoirt dhan chuspair/dhan t-suidheachadh sin.

NO

- (b) *‘Ann an dràma, ’s tric a bhios connspaid agus strì a’ glacadh aire an luchd-leughaidh/ luchd-coimhid.’*

Tagh dràma mu bheil seo fìor. Seall mar a chruthaich an t-ùghdar/an riochdaire plota, caractaran agus sgilean teicnigeach gus dràma sradaigach, buaidheach a chur far comhair.

4. Film/Telebhisean

- (a) Tagh film no prògram dràma a tha, nad bheachd-sa, sònraichte a thaobh buaidh mhaireannach a thoirt air luchd-coimhid. Seall mar a chruthaich an t-ùghdar/an riochdaire plota agus caractaran agus mar a chaidh sgilean teicnigeach (a leithid camara, ceòl, cleasachd, ìomhaigheachd, àirde, . . .) a chur gu feum gus ceangal làidir a thogail ris an luchd-coimhid.

NO

- (b) *‘Tha filmichean agus prògraman dràma Gàidhlig glè thrì a’ sgrùdadh ghnòthaichean a tha cudromach dhan fheadhainn a tha a’ fuireach ann an sgìre na Gàidhealtachd.’*

Tagh film no prògram dràma mu bheil seo fìor. Seall mar a chruthaich an t-ùghdar/an riochdaire suidheachadh, caractaran is plota agus mar a chleachd e/i sgilean teicnigeach gus ghnòthaichean mar seo a sgrùdadh.

[CRÌOCH A’ PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO